

Lèirmheas Àrainneachdail le Dealbhan

Nòtaichean Stiùiridh

Chaidh an lèirmheas seo a chruthachadh gus ur cuideachadh le bhith a' tòiseachadh air an t-slighe gu Bratach Uaine.

Chan eil pàirt sam bith dheth riatanach. Faodaidh sibh a h-atharrachadh a rèir ur feumalachdan, na pàirtean a dhèanamh ann an òrdugh sam bith, no cuid dhiubh a sheachnadh.

Tha trì pàirtean anns an lèirmheas seo:

1. Gnìomh a chuidicheas le bhith a' smaoinachadh air cho math 's a b' urrainn dhan sgoil agaibh a bhith.
2. Ceistean meòrachaidh mu Chuspairean Èiceo-Sgoiltean.
3. Gnìomh gus ur cuideachadh le bhith a' cruinneachadh na beachdan agaibh agus a' sgrìobhadh amasan.

Tha sinn a' cleachdadh am facal 'sgoil' tron lèirmheas seo, ach atharraichibh an teirm seo gu facal nas fhèarr airson suidheachadh agaibh fhèin ma tha sibh ag iarraidh.

Ma tha ceistean agaibh mun Lèirmheas Àrainneachdail agaibh, cuiribh fios thugainn aig ecoschools@keepscotlandbeautiful.org.

Ceum 1: Smaoinichibh air an sgoil agaibh...

Tha an eacarsaich seo ann gus ur cuideachadh le beachdan airson Bratach Uaine fhaighinn. Smaoinichibh air dè cho math 's a dh'fhaodadh an sgoil agaibh a bhith. Cò ris a bhiodh i coltach? Dè tha sibh a' dèanamh mu thràth? Dè ghabhadh a dhèanamh ann an dòigh eadar-dhealaichte?

Dèanaibh liosta de phròiseactan a chuidicheadh sibh air an t-slighe gu Bratach Uaine.

Faodaidh sibh an liosta seo a chleachdadh gus amasan a sgrìobhadh.

Ar beachdan airson an Èiceo-sgoil as fheàrr a chruthachadh san sgoil againn.

Ceum 2: Ceistean meòrachaidh

'S ann airson ur cuideachadh le a' taghadh chuspairean a tha am pàirt seo den Lèirmheas Àrainneachdail.

An seo, bidh agaibh ri ceistean a fhreagairt. Cuimhnichibh gur ann a-mach air ùine-sgoile a bhios a' chuid as motha de na ceistean, mura h-eil i a-mach air àiteigin eile (m.e. dhachaigh).

'S e ceist meòrachaidh agus **roghainneil** a bhios anns a' cheist mu dheireadh aig gach cuspair. Tha ceistean meòrachaidh ann gus beachdan a bhrosnachadh ceangailte ris na h-amasan agus gnìomhan agaibh a bhrosnachadh, ach chan fheum sibh gan dèanamh mura h-eil sibh ag iarraidh.



Gnìomhan airson na Gnàth-shìde



Tha / Tòrr



Rud beag /
uaireannan



Chan eil

1. A bheil sibh ag ionnsachadh mun phlanaid againn agus ciamar a tha an aimisir àbhaisteach againn ag atharrachadh?

☐☐☐

2. A bheil sibh ag ionnsachadh mu na rudan a tha sinne a' dèanamh a tha ag adhbharachadh atharrachaidhean anns an aimisir?

☐☐☐

3. A bheil sibh a' dèanamh rudan gus a' phlanaid a chuideachadh san sgoil agaibh no aig an taigh?

☐☐☐

4. **Roghainneil** - Dè tha sibh a' dèanamh san sgoil no aig an taigh gus a' phlanaid a chuideachadh?



Sgudal

Chan eil /
Gun sgudal



Rud beag
sgudal



Cuid de
dh'àiteachan



Air feadh
an àite



1. A bheil sgudal ann taobh a-
staigh na sgoile?

☐☐☐☐

2. Thoir sùil a-muigh. A bheil
sgudal ann timcheall na
sgoile? (air an làrach agus mu
thimcheall)

☐☐☐☐

Tha /Tòrr



Cuid de
dh'àiteachan




Chan eil

3. A bheil bionaichean eadar-dhealaichte ann
airson sgudal eadar-dhealaichte?

☐☐☐

4. A bheil na rudan ceart anns na bionaichean seo?

☐☐☐

5. Roghainneil - Dè tha sibh a' dèanamh san
sgoil agaibh gus nach bi sibh a' cruthachadh
cus sgudal? (m.e. ath-chleachdadh pàipear)



Bith-iomadachd



Tha / Tòrr




Rud beag



Chan eil


1. A bheil sibh ag ionnsachadh mu dheidhinn bheathaichean agus lusan Albannach?

☐☐☐


2. A bheil cothroman agaibh a bhith ann an nàdar?

☐☐☐

3. A bheil sibh ag ionnsachadh mu carson a tha nàdar cudromach?

☐☐☐

4. A bheil sibh a' dèanamh càil airson nàdar san sgoil no aig an taigh?

☐☐☐

5. Roghainneil - Dè tha sibh a' dèanamh san sgoil agus aig an taigh gus nàdar a chuideachadh?



Cumhachd



Tha / Tòrr



Rud beag





Chan eil




1. A bheil sibh ag ionnsachadh mu chumhachd agus cò às a tha i a' tighinn?

☐☐☐

2. A bheil sibh ag ionnsachadh mu ciamar a tha sinn a' cleachdadh cumhachd gach latha?

☐☐☐

3. A bheil sibh a' feuchainn gun a bhith a chleachdadh cus cumhachd?

☐☐☐

4. **Roghainneil** - Dè na rudan a tha sibh a' dèanamh san sgoil agaibh gus seo a dhèanamh? (m.e. a' cur dheth na solais)



Biadh agus an Àrainneachd



Tha / Tòrr





Rud beag




Chan eil


1. A bheil sibh ag ionnsachadh mu cò às a tha am biadh agaibh a' tighinn?

☐☐☐

2. A bheil cothroman agaibh biadh eadar-dhealaichte fhàs, fheucainn, agus a chòcaireachd?

☐☐☐

3. A bheil sibh a' dèanamh rudan gus caitheamh bìdh agus sgudal bho bhiadh a lùghdachadh?

☐☐☐

4. **Roghainneil** - Dè tha sibh a' dèanamh gus caitheamh bìdh agus sgudal bho bhiadh a lùghdachadh?



Slàinte agus Sunnd



Tha / Tòrr




Rud beag



Chan eil



1. A bheil sibh ag ionnsachadh mar a bhios sibh fallainn? ?

☐☐☐

2. A bheil an sgoil agaibh na àite toilichte?

☐☐☐

3. A bheil an cothrom agaibh a bhith a' dèanamh tòrr rudan eadar-dhealaichte san sgoil?

☐☐☐

4. Roghaineil - Dè na rudan a tha ri dhèanamh san sgoil agaibh a tha a' còrdadh ribh?



Saoranachd na Cruinne




Tha / Tòrr


Rud beag

Chan eil


1. A bheil sibh ag ionnsachadh mu dhaoine bho àitichean eile san t-saoghal?

☐☐☐

2. A bheil sibh a' cuideachadh dhaoine san choimhearsnachd agaibh no ann am pàirtean eile den t-saoghal? (m.e. a' cruinneachadh stuth airson bancaichean-bìdh)

☐☐☐

3. A bheil sibh a' cuideachadh a chèile agus a' toirt taic do dhaoine eile san sgoil agus aig an taigh?

☐☐☐

4. **Roghainneil** - Dè tha sibh a' dèanamh gus taic a thoirt do dhaoine eile?



Làrach na Sgoile



Tha / Tòrr




Rud beag





Chan eil


1. A bheil cothrom aig a h-uile duine a bhith a' cur seachad ùine taobh a-muigh?

☐☐☐

2. Dè cho tric 's a tha sibh a' dol a-mach?

☐☐☐

3. Nuair a tha sibh a-muigh, a bheil tòrr rudan eadar-dhealaichte ri dhèanamh? (m.e. àite airson fois a ghabhail, àite airson lusan fhàs)

☐☐☐

4. Roghainneil - Dè dhèanadh làrach an sgoil agaibh nas fheàrr?



Siubhail



Tha / Tòrr




Rud beag





Chan eil

1. A bheil sibh ag ionnsachadh gu bheil toitean a' dèanamh cròn dhuinn agus don phlanaid?

☐☐☐

2. A bheil sibh a' dèanamh rudan gus an sgoil agaibh a dhìon bho thòitean trafaig?

☐☐☐

3. An urrainn dhuibh suibhal dhan sgoil gu sàbhailte gun bhus no gun chàr? (m.e. coiseachd no air baidhseagal)

☐☐☐

4. **Roghainneil** - Dè tha sibh a' dèanamh mar sgoil gus daoine a bhrosnachadh ri coiseachd no tighinn a-steach air baidhseagal?



Uisge



Tha /Tòrr






Rud beag




Chan eil



1. A bheil sibh ag ionnsachadh mu dheidhinn uisge agus cò às a tha e a' tighinn?

☐☐☐

2. A bheil sibh ag ionnsachadh gu bheil gach lus agus beathach feumach air uisge, fiù 's sibh fhèin?

☐☐☐

3. A bheil sibh ag ionnsachadh gu bheil uisge na dhachaigh airson iomadh beathach agus lus?

☐☐☐

4. A bheil sibh a' dèanamh rudan gus uisge a dhìon?

☐☐☐

5. Roghainneil - Dè tha sibh a' dèanamh san sgoil agaibh gus uisge a dhìon agus a ghlèidheadh?



Dualchas



Tha / Tòrr





Rud beag /
uaireannan




Chan eil


1. A bheil cothroman ann àiteachan eachdraidheil ionadail a rannsachadh?

☐☐☐

2. A bheil cothroman agaibh pàirt a ghabhail ann an geamannan agus gnìomhan traidiseanta? (m.e. a' seinn òrain thraidiseanta, a' còcaireachd, a' cluich gheamannan traidiseanta)

☐☐☐

3. A bheil thu a' dèanamh rudan airson do dhualchas ionadail a chomharrachadh agus a roinn?

☐☐☐

4. **Roghainneil** - Dè na rudan a tha thu a' dèanamh nad shuidheachadh gus do dhualchas ionadail a roinn agus a chomharrachadh? (m.e. cruinneachadh mu sgeulachd ionadail, a' gabhail pàirt ann an traidisean ionadail, a' roinn seann dealbhan)



Èiceo-sgoiltean san Fharsaingeachd



Tha /
Daonnan



Rud beag /
uaireannan



Chan eil

1. A bheil inbhidh ag èisteachd ri ur beachdan mu Èiceo-sgoiltean?



☐☐☐

Faodaidh /
Daonnan

Rud beag /
uaireannan

Chan
fhaod

2. Am faod sibh cuideachadh leis an obair agaibh airson Èiceo-Sgoiltean a phlanadh?

☐☐☐

Ceum 3: A' Tionndadh ur beachdan gu amasan

Is math a rinn sibh airson crìoch a chur air an Lèirmheas Àrainneachdail.

A-nis, faodaidh sibh ur Plana-gnìomha a thòiseachadh.

Dè na beachdan a thàinig am bàrr ann an Ceum 1? An robh cuspairean ann le tòrr fhreagairtean? An robh ceistean no beachdan sònraichte ann a bu toil leibh obrachadh?

Cleachd na beachdan seo gus pròiseactan a thaghadh airson ur Bratach Uaine.

Dèan liosta leis na beachdan a th' agaibh airson rudan ri dhèanamh:

A-nis, cuir ur beachdan ann an òrdugh de phrìomhachais.

Airson gach beachd, smaoinich: dè an t-amas agaibh? Ciamar a nì sibh e? Nuair a tha sibh air na h-amasan agus gnìomhan agaibh a sgrìobhadh, cuir anns a' Phlana-gnìomha iad.

Mar eisimpleir, ma tha sibh airson rudeigin a dhèanamh gus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde, dh'fhaodadh sibh craobhan a chuir air làrach na sgoile gus carbon a thoirt air falbh, lùghdaich caitheamh bìdh agus cuir dheth rudan dealain nuair nach eil sibh gan cleachdadh.

Cuimhnichibh gu bheil an cuspair Gnìomhan airson na Gnàth-shìde riatanach, mar sin feumaidh seo a bhith anns a' Phlana Gnìomh.

Na h-amasan agus gnìomhan againn gus Bratach Uaine fhaighinn:

Mura h-eil sibh cinnteach air dè tha sibh ag iarraidh a dhèanamh airson gach cuspair, thoir sùil air an liosta againn far a bheil tòrr beachdan ri fhaighinn an seo no cuir post-d thugainn aig ecoschools@keepscotlandbeautiful.org.

Bith-iomadachd

A h-uile beathach agus lus eadar-dhealaichte a tha a' fuireach air an talamh.

Gnàth-shìde

An aimsir ann an sgìre thar ùine fhada (mar as trice barrachd na 30 bliadhna).

Coimhearsnachd

Daoine a tha a' fuireach faisg ort no leis a bheil thu a' roinn rudeigin.

Cumhachd

Tha cumhachd air a chleachdadh gus solas no teas a dhèanamh no gus toirt air innealan obrachadh.

Dualchas

Faodaidh tu dualchas a lorg anns na daoine, àiteachan, rudan agus traidiseanan a tha timcheal oirnn oir tha iad gar cuideachadh a' tuigsinn cò sinn agus cò às a tha sinn.

Sgudal

Sgudal san àite cheàrr. Rudan a chaidh a thilgeil air falbh, ach chan ann dhan bhiona.

Nàdar

Na pàirtean den t-saoghal nach eil air an dèanamh le daoine, mar na lusan, beathaichean, beanntan agus aibhnichean.

Suidheachadh

An sgoil no an sgoil-àraich agaibh.

Saoranachd na Cruinne

Am beachd gu bheil a h-uile duine, ge bith càite a bheil iad a' fuireach, mar phàirt de choimhearsnachd air feadh an t-saoghail.